

Tuairisgeul Obrach



Dreuchd:	Neach-taice Thràth bhliadhnaichean (Loch Abar is Earra Ghàidheal is Bhòid)
Fo stiùir:	Oifigear Leasachaidh Foghlam (Tràth-bhliadhnaichean)
Stèidhichte:	Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar, A' Ghearasdan
Tuarastal:	Bann A4 (£21,769 - £23,409)
Uairean:	Làn-thìde (37 uairean san t-seachdain)

Co-theacs

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas a' Bhùird, gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh fad is farsaing mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith a' dealbh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin, bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean eile agus le bhith a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteach, agus coimhearsnachdan. Sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 's e ionnsachadh aon de na trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha na cothroman is dùbhlain a th' ann a thaobh a bhith a' toirt fàs air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig air am mìneachadh gu soilleir sa Phlana.

Tha dleastanasan foghlaim reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Tha an dreuchd seo san Roinn Leasachaidh airson Foghlam is Ionnsachadh Fad-beatha. Tha foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach roinn nan Tràth-bhliadhnaichean, na phrìomhachas don Bhòrd agus tha e an urra ris a' Bhòrd stiùireadh a thoirt do Mhinistearan na h-Alba agus daoine eile air Foghlam Gàidhlig. Tha e na dhleastanas reachdail air a' Bhòrd Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur an gnìomh agus an lùib sin tha feum air Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig (RNFG). Tha an Roinn Leasachaidh airson Foghlam is Ionnsachadh Fad-beatha a' cuideachadh gus an ro-innleachd seo a dhealbh, agus tha i ag obair gus an ro-innleachd a mhìneachadh agus a lìbhrigeadh tro obair le com-pàirteachasan agus tro iomadh seòrsa buidhne.

Prìomh Chinn-uidhe

- Fiosrachadh a thoirt do bhuidhnean Gàidhlig 0-5 thràth-bhliadhnaichean mu bhogadh cànan sa Ghàidhlig.
- Comhairle a thoirt mu rianachd co-cheangailte ri ruith buidheann thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.

Dleastanasan Sònraichte

Thathar an dùil gun coilean an neach san dreuchd seo obair no dleastanasan sam bith a tha gu reusanta air am meas a bhith nam pàirt de adhbhar is uallaichean na dreuchd gus cinn-uidhe na buidhne a ruighinn. Tha geàrr-chunntas ann gu h-ìosal de na dleastanasan a tha sibh buailteach a bhith coileanadh san dreuchd seo:

1. Ag obair an lùib phàrantan agus bhuidhnean Gàidhlig eile gus àrdachadh a thoirt air an àireamh de bhuidhnean thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.
2. Fiosrachadh a thoirt do bhuidhnean mu slàinte is sàbhailteachd agus fiosrachadh taic.
3. Ceanglaichean a stèidheachadh agus a thogail le luchd-obrach thràth-bhliadhnaichean eile Bhòrd na Gàidhlig air feadh na h-Alba, gus an cleachdadh as fheàrr ann an raon nan thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig a leasachadh 's a cho-roinn.
4. Dàimhean a stèidheachadh agus a 'thogail le ùghdarrasan ionadail gus taic a chur ri gluasad bho bhuidheann 0-3 gu sgoiltean-àraich 3-5.
5. Comhairle a thoirt do phàrantan aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig mu chlasaichean Gàidhlig a tha rim faotainn san sgìre aca.
6. Trèanadh in-sheirbheis a fhrithealadh.
7. Ag aithris gu cunbhalach don mhanaidsear gus adhartas, cùisean agus leasachaidhean a dheasbad.
8. Cumail smachd air cosgaisean siubhail is cosgaisean eile.

Chan eil an liosta de dhleastanasan san amharc iomlan, ach a' togail air àireamh de na prìomh ghniomhan obrach san dreuchd. Dh'fhaodadh gum bi agad ri dleastanasan reusanta a bharrachd a ghabhail os làimh a tha mar phàirt de choileanadh na dreuchd seo.

Fiosrachadh a bharrachd

Ìre pàighidh is Tuarastal: **Raon tuarastail: Bann A4 - £21,769 - £23,409**
Nuair a thòisicheas neach ann an dreuchd, mar as trice tòisichidh iad aig a' chiad ìre pàighidh, agus bidh cothrom aig daoine ann an dreuchdan leantainneach air àrdachadh pàighidh gach bliadhna, a rèir phoileasaidhean a' Bhùird.

Cùmhnant: 'S e dreuchd làn-ùine, leantainneach a tha seo.

Buannachdan: Bidh gach neach-obrach le cùmhnant leantainneach, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail.

Bu chòir tagraichean airson na dreuchd seo cuimhneachadh:

- Feumar sgrùdadh Disclosure Scotland a dhèanamh air neach san dreuchd seo.
-

Tha seo na thuairisgeul air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach a bhith ag ath-sgrùdadh thuairisgeulan obrach bho àm gu àm feuch a bheil iad iomchaidh airson na h-obrach mar a tha i aig an àm, agus gus atharraichean a shealltainn a rinneadh no a tha gam moladh.